

DREACHD PLANA GÀIDHLIG 2018 gu 2022



Comhairle Baile Ghlaschu

Oifis an Àrd-Oifigeir
Seòmraichean a' Bhaile
82 Ceàrnag Sheòrais
Glaschu, G2 1BR
0141 287 2000
www.glasgow.gov.uk
@glasgowcc
www.facebook.com/GlasgowCC

RO-RÀDH

Is e ar n-amas – soirbheachadh seasmhach fhaotainn don Ghàidhlig ann an Glaschu san àm ri teachd.

Bidh an treas Plana Gàidhlig aig Comhairle Baile Ghlaschu bho 2018 gu 2022, air a thogail timcheall air còig prìomhachasan:

- foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig a sholarachadh nar sgoiltean agus nar n-ionadan tràth-bhliadhnaichean
- ìomhaigh agus inbhe dheimhinneach don Ghàidhlig adhartachadh
- àrd-amasan agus ìrean mathais nas àirde adhartachadh nar daoine agus nar seirbheisean
- ealain Ghàidhlig a sholarachadh air feadh coimhearsnachdan a' bhaile
- buannachdan sòisealta agus eaconamach na Gàidhlig adhartachadh.

Tha an dreachd Plana seo ag ath-dhaingneachadh ar dealais a thaobh na Gàidhlig. Tha sinn a' cur fàilte air a' Ghàidhlig agus an t-àite sònraichte a th' aice ann an dealbh-tìre chànanach agus eadar-mheasgaichte a' bhaile-mhòir seo; a' cur fàilte air na buannachdan oideachail, cultarach agus eaconamach a tha i a'

toirt do na saoranaich againn; agus a' cur fàilte air a' phrìomh àite a th' againn ann an cruthachadh seasmhachd don chànan ann an Alba san àm ri teachd.

Tha ar n-obair a' cur ri prìomhachasan nàiseanta don chànan. Bidh sinn ag obair le Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach eile gus gnìomhan buadmhor a liubhairt. Bidh iad sin nas lugha ann an àireamhan na Planaichean a bh' ann roimhe ach bidh buaidh nas seasmhaiche aca. Is e ar rùn don Ghàidhlig gum bi i air a faicinn 's air a cluinntinn ann am barrachd raointean den bheatha làitheil sa bhaile.

Tha am Plana air a dheasachadh an taobh a-staigh stiùireadh Bhòrd na Gàidhlig airson planaichean cànan ann an co-rèir ris na h-Amasan/Geallaidhean Àrd-Ìreil airson Comhairle Baile Ghlaschu mar a chaidh aontachadh leis an Leas-Phrìomh Mhinistear. Bidh an dreachd Plana a-muigh aig co-chomhairleachadh poblach airson 8 seachdainean, aig a' char as lugha. Chanadh sinn ris gach pàrtaidh le ùidh am beachdan mun Phlana a bhiadhadh air ais thugainn.

'S e Daoine a tha a' Dèanamh Ghlaschu – Fàilte!

STRUCTAR A' PHLANA AGAINN

Tha ceithir earrannan ann:

1. Cùl- iosrachadh agus co-theacsa

Tha a' chiad earrann a' cur a' Phlana ùir an aithne. Tha e a' cur seo agus a' chiad dà Phlana againn nan co-theacsa laghail, lèirsinn a' bhaile, ar n-amas is prìomhachasan don Ghàidhlig, agus am pròiseas airson leasachadh a' Phlana.

2. Adhartas

Bidh an earrann seo a' mìneachadh an adhartais a chaidh a dhèanamh sna beagan bhliadhnaichean mu dheireadh, na tha sinn air gealltainn a dhèanamh thar nan ceithir bliadhna a tha romhainn, agus na dùbhlain is cunnartan.

3. Lìbhrigeadh

San earrann seo, bidh sinn a' cur nan còig prìomhachasan againn an òrdugh agus cuid de na prìomh chinn-uidhe agus pròiseactan a tha sinn a' creidsinn a bheir a' bhuidhe as àirde. Acoltach ris na Planaichean roimhe, cha bhi am plana seo mar liosta òrdachail. Tha sinn a' tuigsinn an fheum air a bhith sùbailte agus a bhith comasach air ar gnìomhan atharrachadh gun fhiaradh bho shlighe a' Phlana.

4. Buileachadh agus Sgrùdadh

San earrann dheireannaich, bidh sinn a' taisbeanadh mar a libhrigeas agus a sgrùdas sinn am Plana thar nan ceithir bliadhna a tha ri teachd.

1 CÙL-FHIOSRACHADH AGUS CO-THEACSA

- 1.1 Stèidhich Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 Bòrd na Gàidhlig (am Bòrd) le dleastanasan co-cheangailte ri “adhartachadh, agus comasachadh adhartachadh air cleachdadh agus tuigse don Ghàidhlig, agus foghlam Gàidhlig is cultar na Gàidhlig.”
- 1.2 “Tha na dleastanasan a chaidh a bhuileachadh air a’ Bhòrd leis an Achd seo, rin cur an gnìomh le amas air inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh spèis co-ionann ri Beurla tro:
- mheudachadh air àireamhan dhaoine a tha comasach air a’ Ghàidhlig a chleachdadh agus a thuigsinn
 - bhrosnachadh cleachdadh air agus tuigse don Ghàidhlig, agus
 - comasachadh cothrom, ann an Alba agus àiteachan eile, air cànan agus cultar na Gàidhlig.”
- 1.3 Dh’fhaodadh gun toir am Bòrd seachad fios ann an sgrìobhadh do dh’ùghdarras poblach buntainneach sam bith, ag iarraidh air an ùghdarras plana Gàidhlig a dheasachadh. Tha Comhairle Baile Ghlaschu air fios fhaotainn bhon Bhòrd gum bu chòir dhuinn ar Plana Gàidhlig ath-ùrachadh agus a thaisbeanadh don Bhòrd ro 2 Giblean 2018.
- 1.4 Is e seo an treas Plana Gàidhlig againn agus tha e a’ còmhdach na h-ùine bho 2018 gu 2022. Sa chiad Phlana againn (2009-2012) ghabh sinn ris an dùbhlán an t-àm ri teachd don Ghàidhlig a dhìon. Thog sinn ìomhaigh na Gàidhlig agus mheudaich sinn na h-àireamhan a tha a’ cleachdadh agus a’ tuigsinn na Gàidhlig. San dàrna Plana (2013-2017) chuir sinn ris an fhòcas sin le bhith a’ toirt a-steach gnìomhachd ùr cuimsichte air na prìomhachasan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2012 gu 2017.
- 1.5 Tha an ro-innleachd againn air a bhith glè èifeachdach agus tha sin air a thaisbeanadh gu fìor shoilleir tro shoirbheachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Ann an 1985, thòisich Glaschu air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sa bhaile le naoinear chloinne. Aig àm a’ Phlana Ghàidhlig ann an 2009, bha 400 ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Glaschu. A-nis ann an 2017, tha còrr air 1000 pàiste ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sa bhaile.
- 1.6 Tha an fhàs sin a’ dol a leantainn air. Chaidh dàrna Bun-sgoil (Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail) fhosgladh ann an 2016 agus thathar a’ beachdachadh air an tritheamh Bun-sgoil aig an ìre seo. Tha na h-ìrean coileanaidh Àrd-Ìre aig SQA ann an Àrd-sgoil Ghàidhlig Ghlaschu air àrainn Sràid Berkeley gu cunbhalach glè làidir agus am measg nam feadhainn as fheàrr ann an Alba.
- 1.7 Tha e soilleir gu bheil prìomh àite aig pàrantan agus buidhnean coimhearsnachd ann an leudachadh cleachdadh na Gàidhlig, a’ cuideachadh le cothroman ùra a chruthachadh air a’ chànan a chleachdadh taobh a-muigh na sgoile ann an spòrs, cur-seachadan agus suidheachaidhean sòisealta eile. Tha an dà sgoil air buannachd fhaotainn à pàrantan a bhith an sàs ann am pròiseactan coimhearsnachd. Ged a bha buidhnean leithid Buidheann Disathairne an làthair ro na Planaichean Gàidhlig, thòisich feadhainn eile mar Spòrs Ghlaschu sa chiad dol-a-mach mar phròiseactan nar Plana Gàidhlig. Tha pàrantan gu mòr nan stiùirichean agus nan sealbhadairean orra sin agus air pròiseactan eile.
- 1.8 Tha an soirbheachadh ann am foghlam agus ionnsachadh coimhearsnachd air tachairt aig an aon àm ri àrdachadh ùidhe ann an cultar na Gàidhlig. Tha traidisean ciùil na Gàidhlig

glè stèidhichte ach tha an àireamh de dhaoine òga a tha a' gabhail chothroman air cluich ionnsramaidean ionnsachadh, leithid a' phìob mhòr, bogsa-ciùil, fidheall agus clàrsach, na adhbhar toileachais. Mar sin cuideachd, tha an ùidh mhòr ann an dannsa Gàidhealach a' tarraing nan ceudan de dhaoine òga gu ionnsachadh agus farpais ann an cuairt fharpaisean air an deagh eagrachadh, bliadhna an dèidh bliadhna.

- 1.9 Tha làthaireachd ionadan-cruinneachaidh mìorbhaileach sa bhaile, cùrsaichean acadaimigeach a' gabhail a-steach chùrsaichean ceum leithid BMus (Ceòl Traidiseanta), BMus (Ceòl Traidiseanta – Pìobaireachd) agus MA ann an Ionnsachadh is Teagasg (Ealain Ghàidhlig) sa Conservatoire Rìoghail, agus gnìomhachas soirbheachail rèidio is telebhisean Gàidhlig aig Pacific Quay, air misneachd a thoirt do sheinneadairean, luchd-ciùil, cleasaichean, sgrìobhadairean agus luchd-riochdachaidh tàlantach, gu dreuchdan-beatha shoirbheachail a chruthachadh dhaibh fhèin ann an ealain, ceòl agus fèistean.
- 1.10 Tha luchd-labhairt dùthchasach agus luchd-ionnsachaidh air am pàirt a choileanadh cuideachd. Tha cuid a' dèanamh an cosnaidh an lùib teagasg na Gàidhlig no an sàs ann am buidhnean saor-thoileach, mòran dhiubh sin le eachdraidh fada sa bhaile leithid An Comunn Gàidhealach agus na Comainn Gàidhealach eile. Tha feadhainn eile a' toirt taic cànanain do chlann ann am foghlam Gàidhlig agus a' brosnachadh Ghàidheil òga gu com-pàirteachadh ann an tachartasan nan Comann.
- 1.11 Tha cliù saidhbhear aig a' bhaile air a bheil e glè airidh. Ged is e mion-chànan a th' ann an Gàidhlig ann am baile ioma-chultarach a tha moiteil às an eadar-mheasgachadh cànanach a th' ann,

tha am baile air a bhith o chionn ùine mhòr na dhaingneach don Ghàidhlig chun na h-ìre gu bheil e aithnichte mar Bhaile Mòr nan Gàidheal. Nuair a thig am Mòd don bhaile ann an 2019, cuiridh na Gàidheil fàilte air muinntir Ghlaschu gu am pàirt fhèin a gabhail ann an aon de na tachartasan cultarach stèidhichte, as sine ann an Alba.

Dreachd Plana Gàidhlig Comhairle Baile Ghlaschu

- 1.12 Is e lèirsinn dreachd Plana Ro-innleachdail Comhairle Baile Ghlaschu 2017-2022, baile aig ìre chruinneil a chruthachadh aig a bheil eaconamaidh soirbheachail agus in-ghabhalach, far am faod gach neach a bhith a' fàs agus a' faotainn buannachd à soirbheachas a' bhaile.
- 1.13 Is e prìomhachas a' bhaile neo-ionannachd a lùghdachadh air feadh Ghlaschu le bhith a' cruthachadh fàs in-ghabhalach – eaconamaidh fàs-mhor as urrainn dhuinn a thaisbeanadh gu bhith na bhuannachd don bhaile, a shaoranaich agus a ghnothachasan. Tha seo a' ciallachadh eaconamaidh a tha a' fàs agus a' cruthachadh obraichean agus inbheisteadh, a' togail air suidheachadh Ghlaschu mar bhaile-mòr aig ìre chruinneil, gar cuideachadh gu dèiligeadh le bochdainn, a' dèiligeadh le droch shlàinte sa bhaile agus a' leasachadh ar nàbaidheachdan.
- 1.14 Is e Foghlam Sàr-mhath agus In-ghabhalach aon de na seachd tèaman crois-ghearraidh sa Phlana Ro-innleachdail. 'S e aon de na prìomhachasan fon tèama sin, "taic a thoirt do leasachadh agus libhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig, a' gabhail a-steach Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, a' rannsachadh roghainnean airson sgoil eile sa bhaile."

- 1.15 Tha co-obrachadh eadar an lèirsinn, prìomhachas agus tèaman Plana Ro-innleachdail na Comhairle agus na tha am Plana Gàidhlig a' cur roimhe a dhèanamh.
- 1.16 Is e Amas a' Phlana **Ghàidhlig Gàidhlig ann an Glaschu a dhèanamh tèarainte mu choinneamh an ama ri teachd.** Tha sinn a' coimhead air adhart ri àm teachdail far am bi a' Ghàidhlig, a daoine agus a coimhearsnachdan tèarainte agus neartaichte ann am baile-mòr a tha soirbheachail agus beòthail.
- 1.17 **Bidh còig prìomhachasan aig a' Phlana:**
- foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig a sholarachadh nar sgoiltean
 - ìomhaigh agus inbhe dheimhinneach don Ghàidhlig adhartachadh
 - àrd-amasan agus ìrean mathais nas àirde adhartachadh nar daoine agus nar seirbheisean
 - ealain Ghàidhlig a sholarachadh air feadh coimhearsnachdan a' bhaile
 - buannachdan sòisealta agus eaconamach na Gàidhlig adhartachadh.
- 1.18 Thòisich còmhraidhean mu ath-ùrachadh Plana Gàidhlig na Comhairle san t-Sultain 2016.
- 1.19 Ann an co-chomhairle le Bòrd na Gàidhlig, chaidh dreachd sgrìobhainn Dealasan Àrd-Ìreil a thoirt gu buil sa Ghiblean 2017 airson beachdachadh bho Bhuidheann Oifigearan na Gàidhlig. Chaidh na Dealasan sin a thogail mu thimcheall nam prìomh thèaman agus mu thimcheall nam molaidhean anns a' Phlana Nàiseanta 2017-2022.
- 1.20 Chaidh aonta a chur ris an dreachd de Dhealasan Àrd-Ìreil le Comataidh Poileasaidh is Coileanaidh a' Bhùird air an taobh a-staigh agus Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig san Ògmhios 2017. Chaidh an aontachadh leis an Leas-Phrìomh Mhinistear san Lùnastal 2017.
- 1.21 Stèidhichte air dealasan a' Bhùird agus mòran deasbadaidh le daoine fa leth a bha an sàs ann am buidhnean coimhearsnachd Gàidhlig, tharraing Buidheann Oifigearan na Gàidhlig agus Oifigear Leasachaidh na Comhairle liosta de phrìomhachasan agus cinn-uidhe ri chèile, airson nan ceithir bliadhna a tha romhainn.
- 1.22 Chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air an dreachd Plana agus fàilte a chur air le Comataidh Poileasaidh Cuspairean Coitcheann a' Bhaile air 14 Samhain 2017.
- 1.23 Bidh co-chomhairleachadh poblach againn air an dreachd Plana eadar 1 Dùbhlachd 2017 agus 1 Gearran 2018. Thèid an dreachd Plana fhoillseachadh air làrach-lìn co-chomhairleachaidh na Comhairle agus thèid seo a chur air adhart tro na meadhanan sòisealta. Bidh a' cho-chomhairle a' gabhail a-steach deasbad le luchd-ùidhe agus a' brosnachadh fiosrachadh air ais tron phost agus gu seòladh puist-d ainmichte.
- 1.24 Thèid an dreachd ath-sgrùdaichte a chur a-steach gu Comataidh Rianachd a' Bhaile airson aonta ro mheadhan a' Mhàirt 2018. Thèid an dreachd deireannach a chur gu Bòrd na Gàidhlig ro 2 Giblean 2018 agus le ùmhlachd do dh'aonta bhon Bhòrd, dh'fhoillsicheadh sinn am Plana ath-ùraichte cho luath 's a ghabhas às dèidh sin.

Pròiseas leasachaidh

2. ADHARTAS

- 2.1 Tha sinn air adhartas sàr-mhath a dhèanamh thar nan ceithir bliadhna a dh'fhalbh, gu h-àraid ann an àrdachadh na h-àireimh de dhaoine a tha a' cleachdadh agus a' tuigsinn na Gàidhlig. Tha seo gu h-àraid follaiseach ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) far a bheil an àireamh de chloinn aois 3-18 ann an solar FMG air meudachadh bliadhna an dèidh bliadhna bho 2009 (faic Eàrr-ràdh 1).
- 2.2 Tha sinn cuideachd air cothrom a leudachadh a-mach chun a' chànain tro adhartachadh chlasaichean do luchd-obrach, le bhith a' meudachadh solar do bharrachd chloinne agus inbhich nar coimhearsnachdan, agus leudachadh air na h-ealain Ghàidhlig aig àm agus às dèidh Geamannan a' Cho-fhlaitheis the 2014.
- 2.3 Fiù nas brosnachaile na sin, tha am meudachadh ann an gnìomhachd bhon choimhearsnachd Ghàidhlig. Tha buidhnean Ghàidhlig, buidhnean poblach eile le Planaichean Ghàidhlig agus àireamh a tha a' sior fhàs de dhaoine fa leth air cur gu h-àibheiseach ri leudachadh air a' chànain ann an Glaschu.
- 2.4 Tha na leanas na shampall de chuid de na coileanaidhean cudromach eile:
- Chaidh Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail fhosgladh sa Chèitean 2016 agus air dearbhadh gu bhith cho fèillmhor agus a tha Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu 3-18
 - Tha leudachadh soirbheachail air a thighinn air a' Ghàidhlig do luchd-iuonnsachaidh tarsainn an dà chuid bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean
 - Tha Gàidhlig mar chuspair luchd-ionnsachaidh a-nis mar phrìomh chànain ann an curraicealam Foghlam Farsaing Coitcheann ann an Àrd-sgoil Bhaile Ghobhainn
 - Tha Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu aig mullach riochdachaidhean sa mhòr-chuid de chuspairean FMG
 - Tha club ùr iomain air a stèidheachadh ann am Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail
 - Tha Fèis Ghàidhlig Ghlaschu air a toirt air ais
 - Tha sgoilearan à sgoiltean Ghàidhlig Ghlaschu a' cur gu cunbhalach ri prògraman rèidio agus telebhisean a' BhBC, agus tha ar luchd-ciùil, seinneadairean agus dannsairean òga gu tric air an iarraidh gu àrd-ùrlar chuirmean-ciùil agus tachartasan sa bhaile
 - Tha sinn a' leantainn air adhart a' misneachadh dhaoine òga gu Gàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh a' chlasruim, agus tha meas air an Iomairt Ghàidhlig Òigridh ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu
 - Bha an tairgse airson a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail 2019 (Mòd Ghlaschu 2019) soirbheachail. Tha Comataidh Eagrachaidh Ionadail air a chur air bhonn, tha suaicheantas sònraichte air fhoillseachadh, agus tha cothroman sponsaireachd gan adhartachadh. Is e seo a' chiad turas bho 1990 a tha Glaschu air aoi gheachd a thoirt don tachartas
 - Tha Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig 2018-22 bho Ghlaschu Beò air a chur air bhog. Chaidh a leasachadh còmhla ri com-pàirtichean ro-innleachdail air feadh Ghlaschu
 - Tha Glaschu Beò air a bhith ag obair còmhla ri VisitScotland agus Oilthigh Ghlaschu gus turasachd, eachdraidh agus dualchas Ghàidhlig adhartachadh mar phàirt de Ghlaschu Ghàidhlig.
 - Libhrig Glaschu Beò raon fharsaing de ghnìomhachd ealain Ghàidhlig aig àm prògram cultarach Ghlaschu 2014
 - Am measg shoirbheachasan eile tha Às an Dorchadas, pios air a stèidheachadh a dh'aon ghnòthaich ann an taigh ann am Pollokshields; Macbheatha, a bha a' cluich do thaighean

loma-làn ann an Taigh-cluiche an Citizens agus aig Froidhneas Dhùn Èideann; Prògram Coileanaidh nan Ealan Ghàidhlig le sia pìosan ùra san Tramway, anns an Citizens agus san Glad Cafaidh; Àirc, an cafaidh Gàidhlig aig Fèis Bhaile nam Marsantach; agus Cèilidh Còmhla, pròiseact conaltraidh coimhearsnachd air chuairt

- Tha fàs anns an àireamh de dh'inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig, le cothroman do luchd-obrach na Comhairle ann am Foghlam agus Obair Shòisealta, agus tuilleadh air am planadh
- Tha sgrùdadh air pàrantan a tha ag ùr-chlàradh ann an Tràth-Bhliadhnaichean Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ri ghabhail a-steach do sgrùdadh buaidh leantainneach
- Tha teisteanas SVQ do luchd-obrach Thràth-Bhliadhnaichean ann am FMG ga thairgsinn a-nis
- Tha Glaschu Beò gu gnìomhach a' cur ri libhrigeadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd tro chonaltradh ann an ionnsachadh inbheach, na h-ealain, leabharlannan, taighean-tasgaidh agus spòrs
- Tha Spòrs Ghlaschu Beò air a bhith glè thaiceil do Spòrs Ghlaschu, am buidheann spòrs Gàidhlig air a stiùireadh le pàrantan, a chuir Comhairle Baile Ghlaschu air bhonn. Tha Glaschu Beò air taic a thoirt don bhuidheann le goireasan gus an coidseadh air iomain agus ball-coise tro mheadhan na Gàidhlig do chlann bun-sgoile, a leasachadh
- Tha dà sgrùdadh air sgilean luchd-obrach air an crìochnachadh agus bidh fear eile air a phlanadh tro bheatha an treas Plana Gàidhlig
- Tha tuilleadh obrach a dhìth a thaobh faicsinneachd agus osgarrachd na Gàidhlig san àite-obrach a mheudachadh, agus thèid dèiligeadh leis an seo le taic bhon Fhòram Chonaltraidhean corporra
- Tha gnìomhan a thaobh Gàidhlig san àite-

obrach air cuimseachadh sa mhòr-chuid air sgrùdaidhean, leasanàn cànan agus seiseanan mothachaidh don chànan, do luchd-obrach na Comhairle agus do Ghlaschu Beò

- Tha Buidheann Oifigearan Gàidhlig na Comhairle air a leudachadh le buill ùra bho Sheirbheisean Foghlaim agus Roinn an Àrd-Oifigeir
- Chaidh Fòram Gàidhlig Ghlaschu Beò a stèidheachadh gus gnìomhachd agus mothachadh a cho-òrdanachadh tarsainn nan raointean seirbheis uile. Tha gach gnìomhachd air a phlanadh ann an co-theacsa plana Ghlaschu Beò don Ghàidhlig air an taobh a-staigh.

Dealasan

- 2.5 Tha sinn air aontachadh ri Dealasan Àrd-Ìreil a libhrigeadh, a chaidh aontachadh leis an Leas-Phrìomh Mhinistear. Tha iomradh ga thoirt orra sin uile san ath earrann den Phlana, a tha a' cuimseachadh air ar prìomhachasan a libhrigeadh san ùine eadar 2018 gu 2022.

Dùbhlain agus Cunnartan

- 2.6 Tha am Plana seo ga thoirt gu buil aig àm a tha doirbh don Ghàidhlig. Tha dùbhlain a' tighinn oirre bho gach taobh. A' bruidhinn aig foillseachadh an rannsachaidh ùir air ionnsachadh na Gàidhlig san Dàmhair 2017, thuirt Magaidh Choineagan, Cathraiche seirbheis nam meadhanan Gàidhlig aig MG ALBA:
- “Tha a' Ghàidhlig a' sabaid airson a beatha. Tha prìomh eadar-theachdan a dhìth agus tha sinn ag iarraidh air coimhearsnachdan, aitreabhan agus buidhnean air feadh Alba obrachadh còmhla gus slighean a mheudachadh gu cothroman ionnsachaidh air a' Ghàidhlig. Tha feum againn air luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig an guthan a thogail, agus tha sinn a'

tagradh do gach neach ann an Alba agus tarsainn na RA, a' Ghàidhlig fhaicinn prìseil dhaibh fhèin agus don nàisean, agus chan ann dìreach mar sho-mhaoin chultarach ach mar phàirt bheòthail de chomann-sòisealta a tha eadar-mheasgaichte agus nuadh-aimsireil.”

- 2.7 Tha còrr air 600,000 neach a' fuireach ann am baile-mòr Ghlaschu, leis a' mhòr-chuid dhiubh a' bruidhinn Beurla. Airson mion-chànanan a bhith soirbheachail, tha aig a' phrìomh bhuidheann ri fàilte a chur air cànan agus cultar nach buin dhaibh. Sa chùis seo, tha fianais eachdraidheil ann gu h-àraid tro ainmean-àite gun robh a' Ghàidhlig ga labhairt cha mhòr air fad Alba an latha an-diugh, a' gabhail a-steach Glaschu. Tha clàran a' Bhaile bhon 15mh linn agus às a dhèidh, a' taisbeanadh gun robh oileanaich Ghàidhlig a' frithealadh, agus tabhairtich a' toirt bhuileachaidhean do dh'Oilthigh Ghlaschu.
- 2.8 Dh'aithris foillseachan Oilthigh Ghlaschu ann an 2007, “Glaschu, Baile Mòr nan Gàidheal” gun robh Glaschu agus na sgìrean mun cuairt a' labhairt na Gàidhlig aig deireadh an 11mh agus 12mh linn. Tha àiteachan mar Garscube Gàidhlig bho thùs (Gart achadh, sguab sguaban arbhair). 'S e Barlinnie fear eile (Blàr achadh, leanach boglach). Mar sin Gartnavel (Gart an ubhal achadh ùbhlán) agus Blochairn (Blàr achadh, càrn càrn/àite tiodhlacaidh).
- 2.9 Tha luchd-taic a' chànain air a bhith a' sabaid fad linntean airson Gàidhlig fhaighinn co-ionann ri, agus fiù de bharrachd luaich na Beurla. Gu làithreach, tha taic reachdail agus poblach aig a' Ghàidhlig ach tha na cuideaman air ionmhas poblach a' cruthachadh dhraghan mu dheidhinn a bhith a' cleachdadh mhaoinean poblach air a' Ghàidhlig.
- 2.10 Ann an 2017-18, b' e 0.07% an àireamh sa cheud de chaiteachas iomlan a chaidh a riarachadh don Ghàidhlig tarsainn Alba air fad. Leis cho cudromach 's a tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig do dh'inbhe a' chànain agus do a seasmhachd san àm ri teachd, chan eil ach sùim beag air a chur mu seach don Tabhartas Shònraichte airson Foghlam Gàidhlig (c£4.5m, 0.0001% de bhuidseat iomlan na h-Alba). Tha e soilleir gu bheil gleidheadh air a' mhaoineachadh seo deatamach airson cànan na Gàidhlig a chumail suas agus a leasachadh.
- 2.11 Ann an Cunntas-sluaigh 2011, chomharraich 1.7% den àireamh-sluaigh iad fhèin le “began sgil sa Ghàidhlig”. Ged a bha an cunntas-sluaigh sin a' nochdadh lùghdachadh beag anns an àireamh iomlan de luchd-labhairt na Gàidhlig bho 2001, bha e a' taisbeanadh gun robh an àireamh de luchd-labhairt òg air meudachadh, gu h-àraid anns an raon aoise 16-24 bliadhna. Bha an àireamh iomlan de dhaoine ann an Glaschu le cuid de chomas ann an Gàidhlig – labhairt, leughadh, sgrìobhadh no tuigsinn - fo 10,000 ann an cunntas-sluaigh 2011 ach le 11% de dh'àireamh iomlan na h-Alba, an àireamh as motha taobh a-muigh nan Eilean an Iar agus na Gàidhealtachd, faodar Glaschu fhaicinn mar a bhith aig cridhe cultar na Gàidhlig ann am bailtean na h-Alba.
- 2.12 B' àbhaist don àireamh-sluaigh ann an Glaschu a bhith na bu mhotha. Bhon 18mh linn, chuir mì-mhisneachadh agus dearmad gu mòr ri crìonadh na Gàidhlig ach gus an tàinig àireamhan mòra à Èirinn san 19mh linn, b' e na Gàidheal am buidheann bu mhotha de dh'in-imrich don bhaile. Chlàr cunntas-sluaigh 1901 gum b' urrainn do 18,536 neach ann an Glaschu Gàidhlig a labhairt no Gàidhlig agus Beurla. Bha sin mu 1 ann an 40, 2.5% den àireamh-sluaigh.
- 2.13 A-nis tha buaidh na Beurla sa bheatha làitheil ann am baile leithid Glaschu, meadhanan sa mhòr-chuid sa Bheurla, cuideam bho chomhaoisean air daoine òga gus a' Bheurla a labhairt taobh a-muigh na coimhearsnachd sgoile Gàidhlig, agus dith chothroman air Gàidhlig a chleachdadh ann an seirbheisean poblach, uile nan dùbhlain. 'S e an cunnart eile do dhaoine òga nach cleachd

iad a' Ghàidhlig an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail. 'S e an dùbhlán a bhios an làthair, an ùidh a bhrosnachadh fhad 's a tha iad fhathast aig aois sgoile agus an ùidhean iompachadh, còmhla ri leasachadh air buidhnean ùidhe ùra, gu bhith nan luchd-taic agus nan luchd-labhairt fad am beatha.

- 2.14 Gus an t-adhartas a tha sinn air a choileanadh a chumail suas, agus comas obrachaidh leanailteach na Gàidhlig agus an dualchais a dhèanamh cinnteach, feumaidh sinn maoineachadh sònraichte, ceannardas làidir poilitigeach agus taic seasmhach bho na meadhanan, a dheànamh tèarainte.

3. LÌBHRIGEADH

Ar n-amas: Seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd

Prìomhachas 1 – solar foghlaim agus ionnsachaidh Gàidhlig nar sgoiltean agus nar n-ionadan tràth-bhliadhnaichean,

Taobh a-staigh co-theacsa Achd Foghlaim Alba (2016) agus an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig tha sinn a' cur romhainn:

- meudachadh ann an solar tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne taobh a-staigh roinn FMG
- meudachadh nar comais air slighean ionnsachaidh na Gàidhlig ann am foghlam Àrd-sgoile, a sholarachadh
- plana airson treas Bun-sgoil tro Mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh ann an Glaschu
- meudachadh ann am pearsanachadh agus roghainn às dèidh foghlam farsaing coitcheann do dh'oileanaich tro mheadhan na Gàidhlig
- slighe ionnsachaidh nas làidire do dh'oileanaich agus do luchd-obrach uile san dà chuid, Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur taic ri agus a' misneachadh stèidheachadh air treas bun-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig ann an Glaschu, agus leasachaidhean sam bith eile a dh'fhaodadh a thighinn am bàrr.

Leanaidh sinn air adhart:

- libhrigeadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig bho aois 3-18 bliadhna
- libhrigeadh Foghlam Luchd-ionnsachadh na Gàidhlig sa Bhun-sgoil agus an comas a mheudachadh le L3
- cur taic ri leasachadh agus trèanadh luchd-obrach agus tidsearan a tha an sàs ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig no leis am bu mhath gluasad gu roinn FMG
- ag obair ann an com-pàirteachasan gus cothroman do luchd-obrach (an dà chuid tidsearan agus luchd-taic) a mheudachadh agus tuilleadh a chur

ri am fòilio theisteanasan, mar sin a' leantainn air adhart gu roghainnean nas motha air cuspairean do dh'oileanaich ann am FMG, agus barrachd conaltraidh bho SQA

- ag obair le luchd-obrach agus buidhnean nàiseanta gus a dhèanamh cinnteach gu bheil a' gabhail am brath as motha air cothroman ceannardais
- le fiosrachadh mu dhreuchdan-beatha agus cothroman air greisean gnìomhachais a tha gu sònraichte cuimsichte air luchd-labhairt na Gàidhlig
- cur taic ris an Iomairt Òigridh Ghàidhlig ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu.

Bidh sinn cuideachd:

- leudachadh chothroman do ar daoine òga an cleachdadh air a' Ghàidhlig a mheudachadh taobh a-muigh àrainneachd acadaimigeach na sgoile
- ag obair taobh a-staigh Seirbheisean Foghlaim agus barrachd cheanglaichean foirmeil ann an ealain chruthachail (CREATE) a stèidheachadh, gus togail nas fheàrr air ionnsachadh eadar-chuspaireil aig ìrean bun-sgoile agus àrd-sgoile
- sireadh ri faicsinneachd agus cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh mar chànan ann an aitreabhan foghlaim
- cur taic ri Mòd Ghlaschu 2019 tro bhith a' meudachadh na h-àireimh de luchd-labhairt na Gàidhlig, le bhith a' solarachadh barrachd follaiseachaidh agus fighe a-steach adhartach air mothachadh eadar-chultarach na Gàidhlig san dà chuid, foghlam Bun-sgoile agus Foghlam Farsaing Coitcheann.

Dleastanas: Seirbheisean Foghlaim

Raon-ama: Eadar 2018 agus 2022

Prìomhachas 2 – Ìomhaigh agus inbhe dheimhinneach adhartachadh don Ghàidhlig

Tha sinn a' cur romhainn:

- meudachadh a bharrachd ann am faicsinneachd agus inbhe na Gàidhlig a chur an cèille air feadh a' bhaile
- taisbeanadh gu bheil a' Ghàidhlig a' faotainn spèis co-ionann ri Beurla taobh a-staigh seirbheisean na Comhairle
- dèanamh tairgse ghnìomhach leantainneach air seirbheisean Gàidhlig sònraichte.
- toirt poileasaidh Gàidhlig gu buil, a tha a' mìneachadh ar cleachdaidh air a' Ghàidhlig nar gnothachas agus cur an gnìomh spèis co-ionann don chànan
- leasachadh cothrom, tar-churan agus greisean-gnìomhachais air solar Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach aon phuing-inntrigidh airson fiosrachadh mun Ghàidhlig

Leanaidh sinn air adhart:

- a' cur an gnìomh nan dealasan buntainneach uile bho Phlanaichean Gàidhlig nas tràithe (2009-2012 agus 2013-2017) a tha an taobh a-staigh raon-dleastanais na Comhairle.
- leasachadh agus ag in-fhilleadh a' Phlana Ghàidhlig a-steach do ro-innleachd chonaltraidhean corporra Comhairle Baile Ghlaschu
- cur suirbhidh gu na buidhnean uile ann an Glaschu a tha a' solarachadh sheirbheisean Gàidhlig airson gluasad a dh'ionnsaigh slighe Aon Ghlaschu gu leasachadh agus libhrigeadh sheirbheisean a dhèanamh nas fhasa.

Bidh sinn cuideachd:

- meudachadh mothachadh luchd-obrach don Phlana Ghàidhlig, mar sin ga adhartachadh gu h-èifeachdach, a' cleachdadh nan sianalan conaltraidh iomchaidh

Dleastanas: Roinn an Àrd-Oifigeir/Seirbheisean Foghlaim/Glaschu Beò/Teaghlach Ghlaschu
Timescale: Raon-ama 2018 agus 2022

Prìomhachas 3 – àrach air miann adhartais agus ìrean mathais nar daoine agus nar seirbheisean

Tha sinn a’ cur romhainn obrachadh ann an com-pàirteachas le Glaschu Beò agus buidhnean poblach is coimhearsnachd eile gus:

- ùr-ghnàthachadh agus miann adhartais Gàidhlig adhartachadh agus a leasachadh taobh a-staigh àrainneachd bhailteil, ionnsachadh cruthachail agus cànan gnìomhach.

Leanaidh sinn air adhart:

- libhrigeadh sheirbheisean a tha ag adhartachadh mothachadh agus cothrom nas fharsainge air Gàidhlig sa choimhearsnachd tro sheirbheisean Ghlaschu Beò, leithid ionnsachadh, ealain, spòrs, taighean-tasgaidh agus leabharlannan
- ag adhartachadh mothachadh nas fharsainge don Ghàidhlig agus libhrigeadh air ionnsachadh na Gàidhlig am measg luchd-obrach teaghlaich na Comhairle agus tarsainn na coimhearsnachd fharsaing.

Bidh sinn cuideachd:

- toirt gu buil slighean ionnsachaidh soilleir le com-pàirtichean a’ bhaile, cuimsichte air adhartas luchd-ionnsachaidh gu fileantachd
- leasachadh agus gu gnìomhach ag adhartachadh prògram bun-tomhasach de dh’ionnsachadh coimhearsnachd
- ag adhartachadh cleachdadh air innealan ionnsachaidh air-loidhne gus taic a chur ri agus ionnsachadh a luathachadh
- togail comas air solar fhàs agus a chumail suas.
 - solarachadh chothroman saor-thoileach do dh’fhileantaich agus luchd-ionnsachaidh adhartach, gus taic a chur ri eòlas luchd-ionnsachaidh agus cothroman ionnsachaidh na Gàidhlig a neartachadh
- ag adhartachadh ìrean leasaichte litearrachd agus a’ brosnachadh sgrìobhadh cruthachail ann an Gàidhlig.

Dleastanas: Glaschu Beò

Raon-ama: Eadar 2018 agus 2022

Prìomhachas 4 – solar ealain Ghàidhlig tarsainn coimhearsnachdan Ghlaschu

Tha sinn a' cur romhainn:

- Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig 2018-22 a thoirt gu buil.

Leanaidh sinn air adhart:

- cruthachadh phròiseactan ùra air am brosnachadh le soirbheachasan na Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig agus an Ath-sgrùdadh neo-eisimeileach a bh' ann roimhe.

Bidh sinn cuideachd:

- toirt a-steach agus a' leasachadh modail obrach ùr co-obrachail do Ealain Ghàidhlig. Thèid seo a choileanadh tro Guir, prògram cuideachaidh do buidhnean agus luchd-ealain Ghàidhlig bho air feadh Alba
- meudachadh chothroman tro na h-Ealain, a' toirt cothrom do na h-uile eadar-obrachadh le Gàidhlig le bhith a' meudachadh faicsinneachd agus a' doimhneachadh mothachadh do na ceanglaichean cultarach, cànanach agus eachdraidheil a tha aig Gàidhlig leis a' bhaile seo. Thèid seo a choileanadh tro Ghlaschu Gàidhlig, mapa eadar-obrachail agus prògram ealain poblach is conaltraidh, mar nì atharrachaidh

- inbheisteadh ann an saoghal cruthachail don Ghàidhlig san àm ri teachd le bhith a' comasachadh còmhraidh, deasbad agus deasbaireachd ùr mu thimcheall Ealain Ghàidhlig. Thèid seo a choileanadh le bhith a' co-òrdanachadh Co-labhairt Chultarach phoblach gach bliadhna, a bhios a' rannsachadh prionnsapalan nan Ealan Ghàidhlig agus a' roinn cleachdadh agus dòigh-smaoineachaidh ùr
- leasachadh, libhrigeadh agus cur taic ri tairgse fharsaing Ealain Ghàidhlig do luchd-labhairt òg na Gàidhlig eadar aois 0-25 ann an Glaschu
- cur an cèill aithris ùr Ealain Ghàidhlig gus faicsinneachd nan Ealan Ghàidhlig a leabachadh agus a leudachadh taobh a-staigh prìomh fhèisean, àrd-ùrlaran agus prògraman Ghlaschu Beò.

Dleastanas: Glaschu Beò

Raon-ama: Eadar 2018 agus 2022

Prìomhachas 5 – adhartachadh air buannachdan sòisealta agus eaconamach na Gàidhlig

Tha sinn a' cur romhainn:

- buannachdan eaconamach na Gàidhlig agus a cultar adhartachadh mar phàirt de ghnìomhachd leasachaidh eaconamach farsaing na Comhairle.

Leanaidh sinn air adhart:

- co-obrachadh le Leasachadh Sgìlean Alba, Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean poblach eile gus cothroman a chomharrachadh airson leasachadh agus taic a chur ri margaid obrach na Gàidhlig
- cur taic ri ar sgoilearan àrd-sgoile gus beachdachadh air foghlam adhartach no obraichean ann am margaid obrach na Gàidhlig.

Bidh sinn cuideachd:

- cur taic ri libhrigeadh air prìomh thachartasan leithid Mòd Ghlaschu 2019 agus brosnachadh leasachadh air tachartasan, fèisean agus taisbeanaidhean, a tha nas cuimsichte air a' Ghàidhlig
- coimiseanadh rannsachadh gus buaidh sòisealta agus eaconamach sgìlean agus obraichean Gàidhlig air an eaconamaidh, a thomhas

- cur taic ri obair bhuidhnean poblach eile ann an adhartachadh turasachd agus dualchas cultarach.
- gabhail beachd air comas modail co-obrachail airson leasachadh na Gàidhlig
- cruthachadh club gnothachais Gàidhlig gus taic a chur ri agus leasachaidhean ùra Gàidhlig sa bhaile a bhrosnachadh
- ag adhartachadh nan cothroman cosnadh a tha rim faotainn le daoine òga le sgìlean Gàidhlig (ann an roinnean leithid eaconamaidh didseatach, gnìomhachasan cruthachail, meadhanan, foghlam, ionnsachadh, seirbheisean poblach, foillseachadh, ealain, ceàird, turasachd, dualchas cultarach)
- toirt gu buil plana dìleab coimhearsnachd às dèidh Mòd Ghlaschu 2019.

Dleastanas: Roinn an Àrd-Oifigeir/Seirbheisean Leasachaidh agus Ath-ùrachaidh/Glaschu Beò.

Raon-ama: Eadar 2018 agus 2022

4. BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH

Raon-ama

4.1 Bidh am Plana seo a' còmhach 4 bliadhna bhon cheann-latha aontachaidh ann an 2018 gu 2022 mura tèid a chaochladh a shònrachadh le Bòrd na Gàidhlig.

Ciamar a bhios sinn ga libhrigeadh?

4.2 Bidh sinn:

- co-obrachadh agus ag obair ann an com-pàirteachas le saoranaich Ghlaschu, buidhnean poblach eile, buidhnean saor-thoileach agus gnothachasan san roinn phrìobhaidh, gus a' bhuannachd as àirde fhaotainn do gach neach
- conaltradh agus co-obrachadh tarsainn na Comhairle, Glaschu Beò agus com-pàirtichean eile, a' leasachadh modh-obrach Aon Ghlaschu airson prìomhachasan a' Phlana seo a libhrigeadh
- co-chomhairleachadh leis a' phoball fharsaing mun dreachd Plana agus gan cumail an sàs ann an obair a' Phlana a' dol air adhart
- toirt aogheachd do choinneamh gach bliadhna den Fhòram Coimhearsnachd Ghàidhlig (daoine fa leth agus buidhnean le ùidh ghnìomhach ann an libhrigeadh a' Phlana) airson fiosrachadh mun adhartas a tha dèante.

Prionnsapalan

4.3

- Cuiridh sinn prionnsapalan co-ionannachd, in-ghabhail agus iomadachd an sàs nar n-obair
- Tha sinn airson co-ionannachd cothrom a sholarachadh do dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh, agus gum bi spèis don Ghàidhlig air a sgàth fhèin
- Chan eil sinn airson neach sam bith a dhùnadh a-mach bho bhuannachdan cànan, cultar agus dualchas na Gàidhlig
- Tha sinn beò ann am baile-mòr ioma-chultarach

far a bheil an iomadachd de dhaoine na fhìor neart. Tha a' Ghàidhlig airson gach neach agus tha seo air a nochdadh anns a' mheasgachadh de nàiseanan às a bheil luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a' tighinn.

Builean

4.4 Bidh sinn ag amas air builean deimhinneach, a bhios a' toradh ann an:

- daoine òga agus inbhich dà-chànanach agus àrd-fhoghlamaichte
- saoranaich mhisneachail a tha a' gabhail ri iomadachd chànanach agus chultarach
- àrainneachd cànan chothromach agus in-ghabhail
- baile-mòr beòthail, nuadh-aimsireil a tha càirdeil don Ghàidhlig.

Foillseachadh a' Phlana

4.5 Bidh sinn:

- foillseachadh an dreachd Plana ann an cruth dà-chànanach air làrach-lìn na Comhairle agus cuideachd air làrach-lìn Ghlaschu Beò
- toirt brath naidheachd dà-chànanach gu buil, ag ainmeachadh na co-chomhairle don dreachd Plana agus am Plana deireannach, aon uair 's gum bi e aontaichte
- follaiseachadh an dreachd Plana tarsainn sianalan mheadhanan sòisealta na Comhairle, liostaichean puist-d, leabharlannan agus buidhnean com-pàirteachais, agus dèanamh lethbhreacan a bhios rim faotainn le an iarraidh.

Ullachaidhean rianachd

- 4.6 Bidh am Plana seo, aon uair 's gun tèid aontachadh le Comataidh Rianachd a' Bhaile, mar phoileasaidh na Gàidhlig aig Comhairle Baile Ghlaschu agus buidhnean ann an Teaghlach Ghlaschu.
- 4.7 Bidh Àrd-Oifigear Comhairle Baile Ghlaschu cunntachail airson a dhèanamh cinnteach gun libhrig sinn na dealasan a tha mìnichte san sgrìobhainn.
- 4.8 Dreachaidh sinn agus follaisichidh sinn stiùireadh agus fiosrachadh eile le buill de Theaghlach Ghlaschu a thaobh mar bu chòir dhaibh gabhail ri gnìomhan taobh a-staigh a' Phlana Ghàidhlig.

Goireasachadh ar Plana

- 4.9 Coileanaidh Comhairle Baile Ghlaschu nan riatanasan ghoireasan don Phlana seo bho na buidseatan a th' againn gu làithreach, agus cuirear iarrtasan a-steach airson taic a bharrachd gu luchd-maoin air an taobh a-muigh agus nuair a bhios feum air a' Phlana a libhrigeadh.

Sgrùdadh Buileachadh air a' Phlana

- 4.10 Coinnichidh Buidheann Oifigearan na Gàidhlig gach ràithe gus gnìomhan a cho-òrdanachadh mar cheannas air a' Phlana agus adhartas air a' Phlana a luachadh.
- 4.11 Solaraidh sinn Cairt-sgòraidh bliadhnail agus bidh sinn a' cur aithisg gun Sgioba Stiùiridh Chorporra Leudaichte agus mar an ceudna gu Bòrd na Gàidhlig. Solaraidh sinn cuideachd fiosrachadh às ùr cunbhalach do bhuill thaghte.
- 4.12 Bidh sinn a' cumail sùil air na gnìomhan sin gan cur an cèill le buill Teaghlach Ghlaschu tro an aithisgean bliadhnail.
- 4.13 Bheir sinn suirbhidhean, ceisteachain, luachaidhean gu buil nuair a bhios agus mar a bhios feum orra.

FIOSRACHADH CONALTRAIDH

Tha dleastanas air Louise NicChoinnich, Manaidsear Buidhne, Poileasaidh is Planadh Ro-innleachdail, airson stiùireadh air a' Phlana Ghàidhlig seo. 'S e am fiosrachadh conaltraidh aice: louise.mackenzie@glasgow.gov.uk
Fòn 0141 287 3841

Tha an leasachadh agus libhrigeadh bho latha gu latha na dhleastanas air an Oifigear Leasachaidh Gàidhlig, Dòmhnall Mac a' Phi. 'S e am fiosrachadh conaltraidh aige: donald.macphee@glasgow.gov.uk
Fòn 0141 287 5940

EÀRR-RÀDH 1: Àireamh de sgoilearan ann an solar Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig – 2009 gu 2017

Solar	2009	2010	2011	2012	2013	2014	2015	2016	2017***
Sgoil-àraich*	—	—	—	—	—	—	—	—	112
Bun-sgoil**	306	340	371	406	458	502	539	601	634
Àrd-sgoil	149	173	183	199	222	238	272	286	326
IOMLAN	455	513	554	605	680	740	811	887	1072

Aitreabh	2009	2010	2011	2012	2013	2014	2015	2016	2017***
Sgoil-àraich Ghàidhlig Ghlaschu*	—	—	—	—	—	—	—	—	62
Sgoil-àraich Rowena*	—	—	—	—	—	—	—	—	24
Sgoil-àraich Lyoncross*	—	—	—	—	—	—	—	—	26
Bun-sgoil Ghàidhlig Ghlaschu	306	340	371	406	458	502	539	493	493
Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail**	—	—	—	—	—	—	—	108	141
Àrd-sgoil Ghàidhlig Ghlaschu	149	173	183	199	222	238	272	286	326
IOMLAN	455	513	554	605	680	740	811	887	1072

*Chan eil ach figearan 2017-18 rim faotainn.

** Dh'fhosgail Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail sa Chèitean 2016.

***Thathar a' sùileachadh gum bi àireamhan deireannach do chunntas-àireamhan sgoile 2017-18 gan dearbhadh san Dùbhlachd 2017.

EÀRR-RÀDH 2: Bun-sgoiltean ann an Glaschu le Gàidhlig mar L3* – 2017-2018

1. Bun-sgoil Bankhead
2. Bun-sgoil Blairdardie
3. Bun-sgoil Chailleann
4. Bun-sgoil Dhail Mheàrnaig
5. Bun-sgoil Ghleann Dail
6. Bun-sgoil Golfhill
7. Bun-sgoil Haghill
8. Bun-sgoil Eòin Pòl II
9. Bun-sgoil Knightswood
10. Bun-sgoil Pàirc Pirie
11. Bun-sgoil Taobh na h-Aibhne
12. Bun-sgoil an Uile Naomh
13. Bun-sgoil Sandwood
14. Bun-sgoil Scotstoun
15. Bun-sgoil Naomh Brìghde
16. Bun-sgoil Naomh Frainseas o Assisi
17. Bun-sgoil Naomh Briannain
18. Bun-sgoil Naomh Constantine
19. Bun-sgoil Naomh Moire
20. Bun-sgoil Naomh Mungo
21. Bun-sgoil Wallacewell

*Tha poileasaidh ionnsachaidh cànan Riaghaltas na h-Alba do 1+2 airson a dhèanamh cinnteach gu bheil clann uile bho aois prìomh 1 a' coileanadh an airidheachd air 2 chànan, a thuilleadh air cànan an sgoilearachd. Ann an suidheachadh FMG, le Gàidhlig mar L1, thathar a' sùileachadh gun ionnsaich a' chlànn Beurla mar L2 agus Frangais mar L3. Bu chòir eòlas cànanach brìgheil a bhith aca a tha a' freagairt air builean dàrna ìre agus a' cuimseachadh air labhairt agus èisteachd. Ann an sgoiltean tro mheadhan na Beurla, tha Gàidhlig mar L3 anns an 21 sgoil air an liosta gu h-àrd.

